

Dh'ullaicheadh am pàipear seo mar “Clàr Keeling” gus na h-atharrachaidhean a tha rin dèanamh air Achd na Gàidhlig (Alba) 2005 le Bile nan Cànan Albannach (“am Bile”) a mhìneachadh. Tha e air a thoirt seachad gus cuideachadh le sgrùdadh Ìre 1 na Pàrlamaid air a’ Bhile. Cha nochd e atharrachaidhean sam bith a dh’aontaichear leis a’ phrìomh chomataidh aig Ìre 2 no leis a’ Phàrlamaid aig Ìre 3. Ged a rinneadh a h-uile oidhirp gus dèanamh cinnteach gu bheil am fiosrachadh ceart, tha e air a thoirt seachad airson adhbharan mìneachaidh a-mhàin.

Achd na Gàidhlig (Alba) 2005 air a h-atharrachadh leis a’ Bhile mar a tha anns an t-sealladh [MAR A THUGADH A-STEACH I]

Inbhe na Gàidhlig

A1 Inbhe na Gàidhlig

- (1) Tha inbhe oifigeil aig a’ Ghàidhlig ann an Alba.
- (2) Tha èifeachd laghail ga toirt do fho-earrainn (1) —
 - (a) leis na forairean anns an Achd seo a tha a’ cur uallaichean air Bòrd na Gàidhlig, Ministearan na h-Alba agus daoine eile a thaobh a bhith a’ cur air adhart, a’ cuideachadh le agus a’ toirt taic do chleachdadh na Gàidhlig,
 - (b) le achdachaidhean a thaobh foghlaim Ghàidhlig.
- (3) Cha toir fo-earrann (1) buaidh air —
 - (a) mar a dh’obraicheas achdachadh no riaghailt lagha eile,
 - (b) an inbhe aig cànan sam bith eile.
- (4) Anns an earrainn seo, is e ciall “achdachadh” na tha air a chur an cèill ann am Pàipear-taice 1 aig an Achd airson Mìneachaidh agus Ath-leasachaidh Reachdail (Alba) 2010.

Bòrd na Gàidhlig

1 Stèidheachadh agus uallaichean Bhòrd na Gàidhlig

(1) Tha buidheann chorporra air a stèidheachadh a bhios air a h-aithneachadh mar Bhòrd na Gàidhlig (anns an Achd seo air a h-ainmeachadh “am Bòrd”).

(2) Is iad uallaichean coitcheann a’ Bhùird—

(a) a bhith a’ cur air adhart agus cuideachadh le cur-air-adhart

(i) cleachdadh agus tuigse na Gàidhlig, agus

(ii) foghlam Gàidhlig agus cultar na Gàidhlig,

(aa) dearcnachadh agus aithisgean a chur gu Ministearan na h-Alba, air mar a chumas ùghdarrasan poblach buntainneach ri an cuid dhleastanasan fon Achd seo,

(ab) a bhith a' comhairleachadh agus a' cuideachadh (a rèir iarrtais air neo nuair a mheasas e iomchaidh) duine sam bith air gnothaichean co-cheangailte ri leasachadh na Gàidhlig, foghlam Gàidhlig no foghlam Gàidhlig ann an sgìre shònraichte,

(b) a b h i t h a ' comhairleachadh (a rèir iarrtais no nuair a mheasas e iomchaidh) Ministearan na h-Alba, bhuidhnean poblach agus dhaoine eile a tha a' coileanadh uallaichean de ghnè phoblach mu chùisean co-cheangailte ris a' Ghàidhlig, ri foghlam Gàidhlig agus ri cultar na Gàidhlig,

(c) a bhith a' comhairleachadh (a rèir iarrtais) dhaoine eile mu chùisean co-cheangailte ris a' Ghàidhlig, ri foghlam Gàidhlig agus ri cultar na Gàidhlig.

~~(d) sgrùdadh air, agus fios a chumail ri Ministearan na h-Alba mu, chur an gnìomh Cairt Eòrpach nam Mion-chànanan no Chànanan Roinneil de 5 Samhain 1992 a thaobh na Gàidhlig.~~

(3) Tha na h-uallaichean a tha an Achd seo a' cur air a' Bhòrd rin coileanadh le sùil ri ~~daingneachadh inbhe na Gàidhlig mar chànan oifigeil an Alba~~ dèanamh cinnteach gun dèiligear ris a' Ghàidhlig le ~~a tha a' dleasadh~~ spèis a tha co-ionann ris a' Bheurla tro bhith—

(za) a' brosnachadh agus a' toirt taic do chleachdadh agus tuigse na Gàidhlig, le fòcas sònraichte air sgìrean cànan sònraichte,

(a) a' meudachadh na h-àireimh de dhaoine a tha comasach air Gàidhlig a chleachdadh no a thuigsinn,

~~(b) a' misneachadh cleachdadh agus tuigse na Gàidhlig, agus~~

(c) a' cuideachadh le cothrom, an Alba agus an ceàrnaidhean eile, air cànan agus cultar na Gàidhlig.

(3A) Feumaidh am Bòrd, nuair a nì ùghdarras poblach buntainneach iarrtas, cuideachadh a thoirt don ùghdarras saor 's an-asgaidh a thaobh cur-an-gnìomh na h-Achd seo mar a bhuineas sin ris an ùghdarras.

(3B) Ann a bhith a' toirt seachad cuideachaidh fo fho-earrainn (3A), feumaidh am Bòrd feuchainn, cho fad 's a tha freagarrach anns an t-suidheachadh a tha ann agus a tha practaigeach gu reusanta, ris a' phrionnsabal a thoir gu buil gum bu chòir spèis cho-ionnan a thoirt don Ghàidhlig agus don Bheurla.

(4) Faodaidh Ministearan na h-Alba àithntean (a tha an dara cuid coitcheann no sònraichte nan gnè) agus stiùireadh a thoirt don Bhòrd a thaobh coileanadh uallaichean a' Bhùird.

(5) Faodaidh Ministearan na h-Alba àithntean no stiùireadh sam bith a bheirear fo fho-earrainn (4) atharrachadh no a chùl-ghairm.

(6) Tha tuilleadh solair ann am Pàipear-taice 1 a thaobh inbhe, bun-stèidh, gnìomharran, etc. a' Bhùird.

Sgìrean cànan shònraichte

1A A' chiall aig “sgìrean cànan shònraichte”

- (1) Faodar sgìre a shònrachadh mar sgìre cànan shònraichte fo earrainn 1B —
 - (a) ma tha àireamh bhrioghmhor de dhaoine le sgìlean Gàidhlig innte, no
 - (b) mas e 's nach eil àireamh bhrìgheil de dhaoine le sgìlean Gàidhlig innte, ach —
 - (i) gu bheil ceangal eachdraidheil aig an sgìre ri cleachdadh na Gàidhlig,
 - (ii) gur e sgìre anns a bheil teagasg agus ionnsachadh tron Ghàidhlig gan solarachadh, no
 - (iii) gur e sgìre anns a bheil gnìomharrachd bhrioghmhor co-cheangailte ri cànan no cultar na Gàidhlig a' dol air adhart.
- (2) Air adhbhar fo-earrainn (1), tha àireamh bhrioghmhor de dhaoine le sgìlean Gàidhlig anns an sgìre ma tha sgìlean Gàidhlig aig co-dhiù 20% de shluagh na sgìre.

1B Sgìre ga comharrachadh mar sgìre cànan shònraichte le ùghdarras ionadail

- (1) Faodaidh ùghdarras ionadail an sgìre aige air fad air neo pàirt den sgìre aige a chomharrachadh mar sgìre cànan shònraichte ma mheasas e gum buin am mìneachadh de sgìre cànan shònraichte a tha air a chur an cèill ann an earrainn 1A(1) rithe.
- (2) Mus dèan e comharrachadh, feumaidh an t-ùghdarras—
 - (a) co-chonaltradh a dhèanamh ris a' Bhòrd agus le daoine sam bith eile a mheasas an t-ùghdarras ionadail iomchaidh a thaobh a' chomharrachaidh a thathas a' moladh,
 - (b) ceumannan reusanta a ghabhail a dhèanamh sanasachd air a' chomharrachadh a thathas a' moladh agus air na h-adhbharan airson a dhèanamh, agus
 - (c) an comharrachadh a thathas a' moladh a chur gu Ministearan na h-Alba.
- (3) Faodaidh Ministearan na h-Alba —
 - (a) aonta a thoirt don chomharrachadh a thathas a' moladh,
 - (b) aonta a thoirt don chomharrachadh a thathas a' moladh le mion-atharrachaidhean sam bith a mheasas iad iomchaidh, no
 - (c) aonta a dhiùltadh don chomharrachadh a thathas a' moladh.
- (4) Nuair a tha Ministearan na h-Alba am beachd aonta a thoirt don chomharrachadh a thathas a' moladh le mion-atharrachaidhean, feumaidh iad co-chonaltradh a dhèanamh ris an ùghdarras ionadail mus dèan iad sin.
- (5) Feumaidh comharrachadh—
 - (a) an sgìre a tha ri a comharrachadh mar sgìre cànan shònraichte a shònrachadh, agus
 - (b) an ceann-latha air an tig an comharrachadh ann an èifeachd ainmeachadh.

- (6) Faodar comharrachadh atharrachadh no a chùl-ghairm leis an ùghdarras ionadail aig àm sam bith.
- (7) Mus dèan e atharrachadh no cùl-ghairm air comharrachadh a thaobh pàirt sam bith den sgìre aige, feumaidh an t-ùghdarras ionadail —
 - (a) co-chonaltradh a dhèanamh ris a’ Bhòrd agus ri daoine sam bith eile a mheasas an t-ùghdarras ionadail iomchaidh a thaobh an atharrachaidh no na cùl-ghairme a thathas a’ moladh,
 - (b) ceumannan reusanta a ghabhail a dhèanamh sanasachd air an atharrachadh no air a’ chùl-ghairm a thathas a’ moladh agus air na h-adhbharan airson a dhèanamh, agus
 - (c) an t-atharrachadh no a’ chùl-ghairm a thathas a’ moladh a chur gu Ministearan na h-Alba.
- (8) Faodaidh Ministearan na h-Alba—
 - a) aonta a thoirt don atharrachadh no don chùl-ghairm a thathas a’ moladh,
 - b) aonta a thoirt don atharrachadh no don chùl-ghairm a thathas a’ moladh le mion-atharrachaidhean sam bith a mheasas iad iomchaidh, no
 - c) aonta a dhiùltadh don atharrachadh no don chùl-ghairm a thathas a’ moladh.
- (9) Nuair a bhios Ministearan na h-Alba am beachd aonta a thoirt don atharrachadh no don chùl-ghairm a thathas a’ moladh le mion-atharrachaidhean, feumaidh iad co-chonaltradh a dhèanamh ris an ùghdarras ionadail mus dèan iad sin.
- (10) Feumaidh ùghdarras ionadail ceumannan reusanta a ghabhail a dhèanamh sanasachd air
 - (a) a’ chomharrachadh agus a bhuidhe,
 - (b) atharrachadh no cùl-ghairm comharrachaidh agus a bhuidhe.
- (11) Faodaidh Ministearan na h-Alba stiùireadh a thoirt do dh’ùghdarrasan ionadail a thaobh an cuid uallaichean fon earrainn seo.
- (12) Feumaidh ùghdarras ionadail feart a thoirt do stiùireadh sam bith a bheirear seachad le Ministearan na h-Alba fo fho-earrainn (11).
- (13) Anns an earrainn seo, is e ciall “ùghdarras ionadail” na tha air a chur an cèill ann am Pàipear-taice 1 aig an Achd airson Mineachaidh agus Ath-leasachaidh Reachdail (Alba) 2010.

*~~Plana cànan nàiseanta Gàidhlig~~ Ro-innleachd agus bun-inbhean
Gàidhlig*

~~2—Plana cànan nàiseanta Gàidhlig~~

~~(1) Feumaidh am Bòrd—~~

~~(a) taobh a-staigh 12 mhìos bho thòiseachadh na h-earrainn seo,~~

~~(b) gun a bhith nas fhaide na 5 bliadhna an dèidh a’ chinn-latha air an tèid am plana as ùire fhoillseachadh fo fho-earrainn (7), agus~~

~~(c) aig àm sam bith a dh’iarrar le Ministearan na h-Alba,~~

~~plana cànan nàiseanta Gàidhlig a dh'fheumas gabhail a-steach mholaidhean a thaobh coileanadh a chuid dhleastanasan fon Aehd seo ullachadh agus a chur a-steach gu Ministearan na h-Alba.~~

~~(2) Feumaidh na molaidhean seo gabhail a-steach ro-innleachd airson adhartachadh, agus cuideachadh le adhartachadh—~~

~~(a) cleachdadh agus tuigse na Gàidhlig, agus~~

~~(b) foghlam Gàidhlig agus cultar na Gàidhlig~~

~~—(3) Ann a bhith ag ullachadh a' Phlana, feumaidh am Bòrd—~~

~~(a) co-chomhairle a dhèanamh leis a' Phàrlamaid,~~

~~(b) dreachd den phlana fhoillseachadh,~~

~~(c) an cothrom fhoillseachadh tagraidhean a dhèanamh mun dreachd phlana fo fho-earrainn (4) taobh a-staigh ùine a dh'fhaodas am Bòrd a shònrachadh nach eil nas lugha na 3 mìosan, agus~~

~~(d) calla a ghabhail ri tagraidhean sam bith a gheibh e taobh a-staigh na h-ùine sin.~~

~~(4) Faodaidh duine sam bith a tha airson tagraidhean a dhèanamh ris a' Bhòrd mun dreachd phlana sin a dhèanamh taobh a-staigh na h-ùine a tha air a shònrachadh a chum coileanadh fo-earrainn (3).~~

~~(5) Feumaidh Ministearan na h-Alba, taobh a-staigh 6 mìosan bhon àm a gheibh iad e—~~

~~(a) aonta a chur ris a' phlana, no~~

~~(b) beachdan a thoirt air a' phlana a rèir mar a mheasas iad iomchaidh agus iarraidh air a' Bhòrd phlana leasaichte ullachadh a ghabhas calla ris na beachdan sin, agus sin a chur thuca, taobh a-staigh na h-ùine a dh'fhaodas iad a shònrachadh.~~

~~(6) Nuair a chuirear a-steach phlana leasaichte, feumaidh Ministearan na h-Alba, taobh a-staigh 3 mìosan bhon àm a gheibh iad e—~~

~~(a) aonta a chur ris a' phlana, no~~

~~(b) òrdugh a thoirt don Bhòrd am phlana fhoillseachadh a rèir nan eumhachan a mheasas Ministearan na h-Alba iomchaidh.~~

~~(7) An dèidh don phlana a bhith air aontachadh no, a rèir mar a bhios a' chùis, nuair a dh'òrdaichear le Ministearan na h-Alba am phlana a bhith air fhoillseachadh, feumaidh am Bòrd—~~

~~(a) fhoillseachadh anns an dòigh a mheasas e iomchaidh.~~

~~(b) lethbhreac dheth a chur air beulaibh na Pàrlamaid.~~

2A Ro-innleachd Ghàidhlig

- (1) Feumaidh Ministearan na h-Alba ro-innleachd Ghàidhlig ullachadh.
- (2) Feumaidh an ro-innleachd Ghàidhlig—
 - (a) amasan Ministearan na h-Alba a mhìneachadh a thaobh a bhith a' cur air adhart, a' cuideachadh le agus a' toirt taic do chleachdadh na Gàidhlig,
 - (b) planaichean Ministearan na h-Alba airson coileanadh nan amasan sin a chur an cèill, a' gabhail a-steach phrìomhachasan gnìomha,
 - (c) ullachaidhean a chur an cèill airson dearcnachadh adhartais a dh'ionnsaigh coileanadh nan amasan, agus
 - (d) faodaidh an ro-innleachd Ghàidhlig cùisean sam bith eile co-cheangailte ri a bhith a' cur air adhart, a' cuideachadh le agus a' toirt taic do chleachdadh na Gàidhlig a chur an cèill a mheasas Ministearan na h-Alba a bu chòir a bhith air an gabhail a-steach.
- (3) Ann a bhith ag ullachadh na ro-innleachd Ghàidhlig, feumaidh Ministearan na h-Alba dreachd de ro-innleachd fhoillseachadh agus co-chomhairle a chumail ris na daoine sin a mheasas iad iomchaidh.
- (4) Feumaidh Ministearan na h-Alba—
 - (a) an ro-innleachd Ghàidhlig fhoillseachadh ann an dòigh a mheasas iad iomchaidh, agus
 - (b) lethbhreac den ro-innleachd a chur fa chomhair Pàrlamaid na h-Alba.
- (5) Feumar cumail ri fo-earrann (4) ro dheireadh 15 mìosan a' tòiseachadh air an latha a thig earrann 5(3) de dh'Achd nan Cànan Albannach 2024 an gnìomh.
- (6) Feumaidh Ministearan na h-Alba—
 - (a) sùil a chumail air an ro-innleachd Ghàidhlig gu leantainneach,
 - (b) faodaidh iad an ro-innleachd atharrachadh mar a mheasas iad iomchaidh, agus
 - (c) feumaidh iad a h-ath-nuadhachadh taobh a-staigh còig bliadhna a' tòiseachadh air an latha a dh'fhoillsicheadh an ro-innleachd mu dheireadh.
- (7) Buinidh fo-earrannan (2) gu (4) agus (6) ri ro-innleachd Ghàidhlig sam bith a bhios air a h-ath-nuadhachadh mar a bhuineas iad ris a' chiad ro-innleachd Ghàidhlig.

2B Buaidh na ro-innleachd Gàidhlig

(1) Feumaidh Ministearan na h-Alba feart a thoirt don ro-innleachd Ghàidhlig ann a bhith

(a) a’ dèanamh phoileasaidhean (a’ gabhail a-steach mholaidhean airson reachdais), agus

(b) a’ coileanadh an cuid uallaichean.

(2) Feumaidh ùghdarras poblach buntainneach feart a thoirt don ro-innleachd Ghàidhlig ann a bhith a’ coileanadh a chuid uallaichean.

2C Cumhachd Ministearan na h-Alba bun-inbhean a stèidheachadh

(1) Faodaidh Ministearan na h-Alba le riaghlaidhean bun-inbhean agus riatanasan a shònrachadh a thaobh a bhith a’ cur air adhart, a’ cuideachadh le agus a’ toir taic do chleachdadh na Gàidhlig a tha gu bhith a’ buntainn ri ùghdarrasan poblach buntainneach nuair a bhios iad a’ coileanadh an cuid uallaichean.

(2) Faodaidh riaghlaidhean fo fho-earrainn (1) gu sònraichte—

(a) solarachadh a ghabhail a-steach a thaobh mar a tha uallaichean ùghdarrasan poblach buntainneach gu bhith air an coileanadh ann an sgìrean a tha air an sònrachadh fo earrainn 1B mar sgìrean cànan sònraichte,

(b) solar eadar-dhealaichte a stèidheachadh airson diofar sgìrean (a’ gabhail a-steach diofar phàirtean den sgìre anns a bheil ùghdarras poblach buntainneach a’ coileanadh a chuid uallaichean),

(c) solar eadar-dhealaichte a stèidheachadh airson diofar adhbharan.

(3) Mus cuir iad dreachd de dh’ionnstramaid reachdail Albannach anns a bheil riaghlaidhean fo fho-earrainn (1) fa chomhair Pàrlamaid na h-Alba, feumaidh Ministearan na h-Alba co-chonaltradh a dhèanamh —

(a) ris a’ Bhòrd,

(b) ri ùghdarrasan ionadail, agus

(c) ri daoine sam bith eile a mheasas Ministearan na h-Alba iomchaidh.

(4) Tha riaghlaidhean fo fho-earrainn (1) fo rian a’ mhodha dhearbhaich.

(5) Anns an earrainn seo, is e ciall “ùghdarras ionadail” na tha air a chur an cèill ann am Pàipear-taice 1 aig Achd Mineachaidh agus Ath-leasachadh Reachdail (Alba) 2010.

Uallaichean ùghdarrasan poblach buntainneach

2D Uallaichean ùghdarrasan poblach buntainneach co-cheangailte ri cànan is cultar na Gàidhlig

Ann a bhith a’ coileanadh a chuid uallaichean, feumaidh ùghdarras poblach buntainneach feart a thoirt don mhiann a tha ann airson a bhith—

- (a) a' cur air adhart, a' cuideachadh le agus a' toirt taic do chleachdadh na Gàidhlig,
- (b) a' leasachadh agus a' brosnachadh cultar na Gàidhlig.

2E Cumhachd Ministearan na h-Alba gus stiùireadh a thoirt seachad

- (1) Faodaidh Ministearan na h-Alba stiùireadh a thoirt do dh'ùghdarrasan poblach buntainneach a thaobh an cuid dhleastanasan fo earrainn 2D.
- (2) Ann a bhith ag ullachadh stiùiridh fo fho-earrainn (1), feumaidh Ministearan na h-Alba co-chonaltradh a dhèanamh —
 - (a) ris a' Bhòrd, agus
 - (b) ri daoine sam bith eile sin a mheasas Ministearan na h-Alba iomchaidh.
- (3) Feumaidh ùghdarras poblach buntainneach feart a thoirt do stiùireadh sam bith a bheir Ministearan na h-Alba seachad fo fho-earrainn (1).
- (4) Feumaidh Ministearan na h-Alba stiùireadh sam bith a bheirear seachad fon earrainn seo fhoillseachadh.

2F Cumhachd Ministearan na h-Alba gus àithne a thoirt seachad

- (1) Faodaidh Ministearan na h-Alba, an dèidh co-chonaltradh a dhèanamh ri ùghdarras poblach buntainneach, àithne a thoirt don ùghdarras sin a thaobh a chuid dhleastanasan fo earrainn 2D.
- (2) Faodaidh Ministearan na h-Alba—
 - (a) àithne a tha air a thoirt seachad fon earrainn seo atharrachadh no a chùl-ghairm, agus
 - (b) feumaidh iad an àithne fhoillseachadh,
- (3) Feumaidh ùghdarras poblach buntainneach cumail ri àithne a bheirear dha fon earrainn seo.

Aithisgean

2G Aithisgean air an ro-innleachd Ghàidhlig

- (1) Feumaidh am Bòrd aithisgean ullachadh agus fhoillseachadh mu adhartas Ministearan na h-Alba a dh'ionnsaigh coileanadh nan amasan a tha air an cur an cèill anns an ro-innleachd Ghàidhlig a tha air a foillseachadh fo earrainn 2A.
- (2) Feumaidh am Bòrd lethbhreac de dh'aithisg sam bith a dh'ullaichear fo fho-earrainn (1) a chur fa chomhair Pàrlamaid na h-Alba.

2H Aithisgean air mar a chumas ùghdarrasan poblach ri bun-inbhean agus uallaichean

- (1) Feumaidh am Bòrd aithisgean ullachadh agus fhoillseachadh mu mar a chumas ùghdarrasan poblach buntainneach ris—
 - (a) an dleastanas a tha air a chur an sàs le earrainn 2B(2),
 - (b) na bun-inbhean agus na riatanasan a tha air an sònrachadh ann an riaghlaidhean a tha air an dèanamh fo earrainn 2C(1),

- (c) na h-uallaichean a tha air an cur an sàs le earrainn 2D.
- (2) Faodaidh aithisgean fo fho-earrainn (1) (mar a mheasas am Bòrd iomchaidh) buntainn ri mar a chumas ùghdarrasan poblach buntainneach anns an fharsaingeachd no le ùghdarras sònraichte.
- (3) Feumaidh am Bòrd lethbhreac de dh'aithisg sam bith dh'ullaichear fo fho-earrainn (1) a chur fa chomhair Pàrlamaid na h-Alba.

Planaichean cànan Gàidhlig

3 Planaichean cànan Gàidhlig

(1) Faodaidh am Bòrd brath sgrìobhte a chur gu ùghdarras poblach buntainneach sam bith a' toirt air an ùghdarras plana Gàidhlig ullachadh.

(2) Feumaidh am brath—

(a) innse gum feum an t-ùghdarras plana Gàidhlig ullachadh a rèir na h-earrainn seo agus a chur a-steach chun a' Bhùird,

(b) ceann-latha a shònrachadh (gun a bhith nas tràithe na 6 mìosan an dèidh a' chinn-latha air an deach am brath a thoirt seachad) rom feum an t-ùghdarras am plana a chur a-steach chun a' Bhùird, agus

(c) innse don ùghdarras na còraichean a tha aige fo earrainn 4 gus ath-bhreithneachadh iarraidh agus gus ath-thagradh a dhèanamh ri Ministearan na h-Alba.

(3) Ann a bhith a' co-dhùnadh am bu chòir brath a chur gu ùghdarras fo fho-earrainn (1), feumaidh am Bòrd feart a thoirt—

(a) ~~(a) don phlana chànan nàiseanta Ghàidhlig as ùire a tha air fhoillseachadh fo earrainn (2) (ma tha a-leithid ann), do phlana cànan nàiseanta Gàidhlig sam bith a tha air a fhoillseachadh fo earrainn 2 a tha ann an èifeachd aig an àm,~~

(aa) an ro-innleachd Ghàidhlig as ùire a tha air a fhoillseachadh fo earrainn 2A,

(b) don ìre gu bheil

(i) a' Ghàidhlig ga cleachdadh le daoine ris a bheil uallaichean an ùghdarras rin coileanadh,

(ii) ann am beachd a' Bhùird, comas ann don ùghdarras cleachdadh na Gàidhlig a leasachadh co-cheangailte ri coileanadh nan uallaichean sin,

(c) do thagraidhean sam bith a rinneadh ris a thaobh cleachdadh na Gàidhlig co-cheangailte ri coileanadh nan uallaichean sin, agus

(d) do stiùireadh sam bith a thugadh seachad le Ministearan na h-Alba.

(4) Feumaidh plana Gàidhlig—

(a) na ceumanna a chur an cèill ghabhas an t-ùghdarras poblach buntainneach a thaobh cleachdadh na Gàidhlig co-cheangailte ri coileanadh uallaichean an ùghdarrais,

(aa) nuair a tha an t-ùghdarras poblach buntainneach a' coileanadh uallaichean ann an sgìre a tha air a h-ainmeachadh fo earrainn 1B mar sgìre cànan shònraichte, na ceumanna a chur an cèill a tha rin gabhail co-cheangailte ri cleachdadh na Gàidhlig leis an ùghdarras co-cheangailte ri coileanadh a chuid uallaichean anns an sgìre sin,

(b) an ceann-latha rom feumar na ceumanna a ghabhail a shònrachadh, agus

(c) gabhail a-steach fiosrachaidh sam bith eile a dh'fhaodas a bhith air a shònrachadh ann an riaghlaidhean a tha air an dèanamh fo fho-earrainn (7).

(4A) Mas e ùghdarras foghlaim a tha anns an ùghdarras phoblach bhuntainneach, feumaidh am plana Gàidhlig aige sònrachadh cuideachd plana an ùghdarrais airson solar anns an sgìre—

(a) foghlam luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig agus foghlam tron Ghàidhlig ann an solar foghlam sgoile an ùghdarrais,

(b) chothroman a' Ghàidhlig ionnsachadh no a chleachdadh ann an solar foghlam adhartach an ùghdarrais,

(c) chothroman do sgoilearan ann am foghlam tron Ghàidhlig a' Ghàidhlig a chleachdadh an lùib ghnìomhachdan sòisealta, cultarail agus cuir-seachad.

(5) Feumaidh ùghdarras poblach buntainneach, ann a bhith ag ullachadh plana Gàidhlig, feart a thoirt—

(a) ~~don phlana chànan nàiseanta Ghàidhlig as ùire a tha air fhoillseachadh fo earrainn (2), do phlana cànan nàiseanta Gàidhlig sam bith a tha air fhoillseachadh fo earrainn 2 a tha ann an èifeachd aig an àm,~~

(aa) don ro-innleachd Ghàidhlig as ùire a tha air a foillseachadh fo earrainn 2A,

(b) don ìre gu bheil a' Ghàidhlig ga cleachdadh leis na daoine ris a bheil uallaichean an ùghdarrais rin coileanadh,

(c) don ìre gu bheil e comasach cleachdadh na Gàidhlig a leasachadh co-cheangailte ri coileanadh nan uallaichean sin,

(d) do thagraidhean sam bith a rinneadh ris an ùghdarras a thaobh cleachdadh na Gàidhlig co-cheangailte ri coileanadh nan uallaichean sin, agus

(e) do stiùireadh sam bith a thugadh seachad le Ministearan na h-Alba ~~no leis a' Bhòrd.~~

6) Ann a bhith ag ullachadh plana Gàidhlig, feumaidh ùghdarras poblach buntainneach co-chonaltradh a dhèanamh ri ~~daoine a tha e a' meas a bhiodh leas aca anns a' ghnothaich.~~

- (a) daoine le sgilean Gàidhlig dha bheil an t-ùghdarras a' coileanadh uallaichean,
- (b) daoine aig a bheil ùidh ann an cur na Gàidhlig air adhart,
- (c) daoine sam bith eile a mheasas an t-ùghdarras iomchaidh.

(6A) Mas e ùghdarras foghlaim a tha anns an ùghdarras phoblach bhuntainneach, feumaidh e cuideachd co-chonaltradh a dhèanamh —

- (a) ri Luchd-sgrùdaidh na Rìgh airson Sgoiltean (is e sin ri ràdh, luchd-sgrùdaidh nan sgoiltean air an cur an dreuchd le A Mhòrachd fo Achd 1980),
- (b) ris a' bhuidheann ris an canar Comann nam Pàrant (Nàiseanta), agus
- (c) ri ùghdarrasan foghlaim eile leis am faodadh an t-ùghdarras co-obrachadh,

air na cùisean a tha gu bhith air an gabhail a-steach anns a' phlana Ghàidhlig aige air an do rinneadh iomradh ann am fo-earrainn (4A).

(7) An dèidh dhaibh co-chonaltradh a dhèanamh ris a' Bhòrd, faodaidh Ministearan na h-Alba, le riaghlaidhean, tuilleadh solair a dhèanamh co-cheangailte ri susbaint phlanaichean cànan Gàidhlig.

(8) Faodaidh na riaghlaidhean sin gu sònraichte —

- (a) tuilleadh solair a dhèanamh mun t-susbaint a dh'fheumas a bhith ann am planaichean Gàidhlig a thaobh sgìrean a tha air an sònrachadh fo earrainn 1B mar sgìrean cànan sònraichte,
- (b) tuilleadh solair a dhèanamh mu na cùisean a dh'fheumas a bhith anns a' phlana Ghàidhlig aig ùghdarras foghlaim fo fho-earrainn (4A),
- (c) solar eadar-dhealaichte a dhèanamh airson diofar—
 - (i) adhbharan,
 - (ii) seòrsaichean ùghdarras,
 - (iii) sgìrean (a' gabhail a-steach diofar phàirtean de sgìre anns a bheil ùghdarras a' coileanadh a chuid uallaichean).

(9) Anns an earrainn seo—

(a) tha ciall nan abairtean a leanas na tha air a chur an cèill ann an earrainn 135(1) de dh'Achd an Fhoghlaim (Alba) 1980—

“sgìre”, a thaobh ùghdarras foghlaim,
“ùghdarras foghlaim”
“foghlam adhartach”
“sgoilear”

“foghlam sgoile”

(b) tha “foghlam luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig” a’ ciallachadh teagasg na Gàidhlig do, agus ionnsachadh a’ chànain le, sgoilearan dha bheil foghlam air a sholarachadh anns a’ mhòr-chuid tro mheadhan na Beurla,

(c) tha “foghlam tron Ghàidhlig” a’ ciallachadh teagasg agus ionnsachadh tro mheadhan na Gàidhlig.

4

Ath-bhreithneachadh, agus ath-thagradh an aghaidh, bhrathan

(1) Nuair a gheibh ùghdarras poblach buntainneach brath fo fho-earrainn (1) de dh’earrainn 3 agus nuair a bhios e den bheachd gu bheil an ceann-latha a tha air a shònrachadh ann a rèir fo-earrainn (2)(b) den earrainn sin mì-reusanta, faodaidh e taobh a-staigh ~~28-latha~~ 4 seachdainean an dèidh dha am brath fhaighinn iarraidh air a’ Bhòrd ath-bhreithneachadh a dhèanamh air a’ cheann-latha.

(2) Feumaidh iarrtas fo fho-earrainn (1) na h-adhbharan a tha aig an ùghdarras airson a bheachd a chur an cèill.

(3) Feumaidh am Bòrd taobh a-staigh ~~28-latha~~ 6 seachdainean bhon àm a gheibh e an t-iarrtas ath-bhreithneachadh a dhèanamh air a’ cheann-latha agus—

(a) an ceann-latha a dhearbhadh, no

(b) ceann-latha nas anmoiche a chur na àite (anns an t-suidheachadh sin measar an ceann-latha sin mar an ceann-latha a tha air a shònrachadh anns a’ bhrath a rèir fo-earrainn 3(2)(b)).

(4) Ann a bhith ag innse a cho-dhùnaidh fo fho-earrainn (3) don ùghdarras feumaidh am Bòrd, mas e an co-dhùnadh an ceann-latha a dhearbhadh, na h-adhbharan a tha aige airson a’ cho-dhùnaidh a chur an cèill.

(5) Ma bhios gearan aig an ùghdarras a thaobh co-dhùnadh a’ Bhùird fo fho-earrainn (3), faodaidh e, taobh a-staigh ~~28-latha~~ 4 seachdainean an dèidh dha brath a tha ag innse a’ cho-dhùnaidh fhaighinn, ath-thagradh a dhèanamh ri Ministearan na h-Alba.

(6) Feumaidh Ministearan na h-Alba co-dhùnadh a ruigsinn air ath-thagradh fo fho-earrainn (5) taobh a-staigh ~~2-mhìos~~ 3 mìosan, aig a’ char as fhaide, den cheann-latha air an do rinneadh an t-ath-thagradh.

(7) Ma dh’aontaicheas Ministearan na h-Alba ri ath-thagradh fo fho-earrainn (5), feumaidh iad ceann-latha eile a shònrachadh rom feum an t-ùghdarras plana Gàidhlig a chur a-steach chun a’ Bhùird.

(8) Nuair a gheibh ùghdarras poblach buntainneach brath fo fho-earrainn (1) de dh’earrainn 3 faodaidh e, taobh a-staigh ~~28-latha~~ 4 seachdainean bhon àm a gheibh e e, ath-thagradh a dhèanamh ri Ministearan na h-Alba an aghaidh a’ bhratha air a’ bhunait gun robh,

a thaobh nan cùisean a tha air an sònrachadh ann am fo-earrainn (3) (a) gu (d) den earrainn sin, co-dhùnadh a' Bhùird am brath a thoirt don ùghdarras mì-reusanta.

(9) Feumaidh Ministearan na h-Alba co-dhùnadh a ruigsinn air ath-thagradh fo fho-earrainn (8) taobh a-staigh 6 mìosan, aig a' char as fhaide, bhon cheann-latha air an do rinneadh an t-ath-thagradh.

(10) Ma dh'aontaicheas Ministearan na h-Alba ri ath-thagradh fo fho-earrainn (8)—

(a) caillidh am brath èifeachd, agus

(b) chan fhaod am Bòrd brath eile a thoirt don ùghdarras fo earrainn 3(1) gus an tig 2 bhliadhna gu ceann an dèidh a' chinn-latha air an tugadh seachad am brath ris an robh an t-ath-thagradh a' buntainn.

5 A' cur aonta ri planaichean

(1) Nuair a chuirear plana Gàidhlig a-steach chun a' Bhùird le ùghdarras poblach buntainneach a rèir bratha fo earrainn 3(1) no fo fho-earrainn (3)(b) den earrainn seo, feumaidh am Bòrd, **taobh a-staigh na h-ùine de 3 mìosan a' tòiseachadh leis a' cheann-latha air an do chuireadh am plana a-steach—**

(a) aonta a chur ris a' phlana, no

(b) mion-atharrachaidhean a mholadh air.

(1A) Feumaidh ùghdarras poblach buntainneach fiosrachadh a bharrachd a thoirt don Bhòrd a dh'iarrar leis a' Bhòrd an dèidh do phlana Gàidhlig an ùghdarras a bhith air a chur a-steach.

(2) Ann a bhith a' breithneachadh air a' phlana a thaobh amasan fo-earrainn (1), feumaidh am Bòrd feart a thoirt do—

(a) na cùisean air a bheil iomradh ann an earrainn 3(5)(a) gu (d), **agus**

(aa) fiosrachadh sam bith a bharrachd a thug an t-ùghdarras poblach iomchaidh seachad fo fho-earrainn (1A), agus

(b) stiùireadh sam bith a thugadh seachad le Ministearan na h-Alba.

(3) Ma mholas am Bòrd mion-atharrachaidhean, feumaidh an t-ùghdarras—

(a) taobh a-staigh ~~mìos~~ **3 mìosan** bhon cheann-latha air am bi na mion-atharrachaidhean a thathar a' moladh air an cur an cèill don ùghdarras, innse don Bhòrd nach eil e ag aontachadh ris na mion-atharrachaidhean uile, no ri gin dhiubh, agus adhbharan a thoirt airson an eas-aonta sin, no

(b) ro cheann-latha a shònraichear leis a' Bhòrd, am plana atharrachadh gus ealla a ghabhail ris na mion-atharrachaidhean agus am plana a chur a-steach chun a' Bhùird as ùr.

(4) Chan fhaod an ceann-latha a tha air ainmeachadh ann am fo-earrainn (3)(b) a bhith nas giorra na 3 mìosan no nas fhaide na 6 mìosan an dèidh a' chinn-latha air an do dh'innseadh na mion-atharrachaidhean a tha air am moladh don ùghdarras.

(5) Nuair a bhios brath air a thoirt seachad fo pharagraf (a) de fho-earrainn (3), feumaidh am Bòrd, an dèidh beachdachadh air na h-adhbharan air a bheil iomradh anns a' pharagraf sin—

(a) aonta a chur ris a' phlana a rèir mar a bha e nuair a chuireadh a-steach e chun a' Bhùird anns a' chiad dol a-mach, no

(b) aonta a chur ris a' phlana ach fo rian nam mion-atharrachaidhean (a' gabhail a-steach na feadhna, no cuid dhiubh, a mholadh fo fho-earrainn (1)(b)) a dh'fhaodas a bhith air an aontachadh leis a' Bhòrd agus leis an ùghdarras, no

(c) a' chùis a chur gu Ministearan na h-Alba mura h-eil am Bòrd air gabhail ris a' phlana fo pharagraf (a) no (b)—

(i) ro dheireadh na h-ùine de 2 mhìos a' tòiseachadh leis a' cheann-latha air an tug an t-ùghdarras fios don Bhòrd fo fho-earrainn (3)(a), agus

(ii) ron cheann-latha air a bheil am Bòrd den bheachd nach bi e comasach dha am plana aontachadh fo pharagraf (a) no (b).

(5A) Ma dh'fhàilicheas air ùghdarras gnìomh sam bith a ghabhail fo fho-earrainn (3), faodaidh am Bòrd—

(a) gabhail ris a' phlana mar a chuireadh a-steach e chun a' Bhùird an toiseach, no

(b) a' chùis a chur gu Ministearan na h-Alba.

(6) Nuair a chuirear cùis thuca fo fho-earrainn (5)(c) no (5A)(b), feumaidh Ministearan na h-Alba, an dèidh dhaibh cumail ri fo-earrainn (7) —

(a) aonta a chur ris a' phlana mar a bha e nuair a chuireadh a-steach e chun a' Bhùird anns a' chiad dol a-mach, no

(b) aonta a chur ris a' phlana fo rian nam mion-atharrachaidhean (a' gabhail a-steach na feadhna, no cuid dhiubh, a mholadh fo fho-earrainn (1)(b)) mar a mheasas iad iomchaidh.

(7) Mus cuir Ministearan na h-Alba aonta ri plana fo fho-earrainn (6)—

(a) feumaidh iad feart a thoirt do na gnothaichean air a bheil iomradh ann an earrainn 3(5)(a) gu (c),

(b) feumaidh iad cothrom a thoirt don Bhòrd agus don ùghdarras tagraidhean a dhèanamh mun phlana, agus

(c) faodaidh iad co-chonaltradh a dhèanamh ri duine sam bith a mheasas iad iomchaidh,

agus feumaidh iad ealla a ghabhail ri tagraidhean sam bith a nithear leis a' Bhòrd no leis an ùghdarras agus ri beachdan sam bith a chuireadh an cèill le neach ris an do rinneadh co-chonaltradh fo pharagraf (c).

(8) Feumar aonta a thoirt do phlana fo fho-earrainn (6) taobh a-staigh aig a' char as fhaide 6 mìosan an dèidh a' chinn-latha air an do chuireadh a' chùis gu Ministearan na h-Alba fo fho-earrainn (5)(c) **no (5A)(b), mar a dh' fhaodadh e a bhith.**

(9) Air don phlana a bhith air aontachadh leis a' Bhòrd no le Ministearan na h-Alba, feumaidh an t-ùghdarras—

(a) fhoillseachadh anns a' mhodh a mheasas e iomchaidh (a' toirt feart do stiùireadh sam bith a thugadh seachad leis a' Bhòrd), agus

(b) na ceumannan a tha air am mìneachadh ann a chur an gnìomh a rèir a' phlana.

6 Dearcnachadh air cur-an-gnìomh

(1) Tha an earrann seo ri a coileanadh nuair—

(a) a tha plana Gàidhlig aig ùghdarras poblach buntainneach air aonta fhaighinn bhon Bhòrd no bho Mhinistearan na h-Alba fo earrainn 5, agus

(b) a tha co-dhiù 12 mhìos air a dhol seachad on a dh'aontaicheadh ris.

~~(2) Faodaidh am Bòrd aithne a thoirt don ùghdarras aithisg a chur a-steach thuige, ro cheann-latha nach eil nas tràithe na 3 mìosan an dèidh ceann-latha na h-aithne, mun ìre gu bheil an t-ùghdarras air na ceumannan a tha air an cur an cèill anns a' phlana a chur an gnìomh.~~

Feumaidh an t-ùghdarras, mus tig 15 mìosan gu crìch, a' tòiseachadh leis a' cheann-latha air an tugadh an t-aonta seachad a dh'ainmicheadh ann am fo-earrainn 1(a), aithisg a chur chun a' Bhùird air an ìre gu bheil an t-ùghdarras air na ceumannan a tha anns a' phlana a chur an gnìomh.

(2A) Feumaidh an t-ùghdarras, mus tig gach 12 mhìos an dèidh sin gu crìch, a' tòiseachadh leis a' cheann-latha air an do chuir e an aithisg a b' ùire aige chun a' Bhùird, aithisg eile a chur chun a' Bhùird mun ìre gu bheil an t-ùghdarras air na ceumannan a tha anns a' phlana a chur an gnìomh.

(2B) Faodaidh am Bòrd aithisg a chuirear thuige fo fho-earrainn (2) neo (2A) fhoillseachadh, anns an dòigh a mheasas e iomchaidh.

~~(3) Chan fhaod am Bòrd darna aithne no aithne an dèidh làimhe a~~

~~thoirt fo fho-earrainn (2) taobh a-staigh 12 mhios de cheann-latha na h-àithne a rinneadh roimhe.~~

(4) Nuair a bhios am Bòrd den bheachd nach eil ùghdarras poblach buntainneach a' cur an gnìomh cheumannan anns a' phlana Ghàidhlig aige gu h-ìomchaidh— ~~faodaidh e aithisg a chur a-steach gu Ministearan na h-Alba a' cur an cèill adhbharan a' cho-dhùnaidh sin.~~

(a) feumaidh e aithisg fhoillseachadh agus a chur a-steach gu Ministearan na h-Alba a' mìneachadh nan adhbharan airson a' cho-dhùnaidh sin, agus

(b) faodaidh e lethbhreac den aithisg sin a chur fa chomhair Pàrlamaid na h-Alba.

(5) Air dhaibh an aithisg fhaighinn, faodaidh Ministearan na h-Alba fear de na ceumannan a leanas no na dhà dhiubh a ghabhail—

(a) faodaidh iad lethbhreac den aithisg a chur air beulaibh Pàrlamaid na h-Alba (ach feumaidh iad sin a dhèanamh mura h-eil am Bòrd air sin a dhèanamh mar-thà fo fho-earrainn (4)(b)),

(b) faodaidh iad àithne a thoirt don ùghdarras a bhith a' cur an gnìomh cuid no gach fear de na ceumannan a tha anns a' phlana Ghàidhlig aige ron cheann-latha a shònraichear anns an àithne.

(6) Mus toir iad àithne seachad fo fho-earrainn (5)(b), feumaidh Ministearan na h-Alba —

(a) co-chonaltradh a dhèanamh ris an ùghdarras mu chumhachan na h-àithne a tha fa-near, agus

(b) ealla a ghabhail ri tagraidhean sam bith a nithear leis an ùghdarras.

7 Ath-bhreithneachadh air planaichean

(1) Tha an earrann seo ri a coileanadh uair a tha plana Gàidhlig air aonta fhaighinn bhon Bhòrd no bho Mhinistearan na h-Alba fo earrainn 5 (a' gabhail a-steach na h-earrainn sin mar a chuireadh e an gnìomh le fo-earrainn (3) den earrainn seo).

(2) Nuair a bhios an earrann seo ri a coileanadh, feumaidh an t-ùghdarras poblach buntainneach a dh'ullaich am plana, aig àm nach eil nas fhaide na 5 bliadhna an dèidh a' chinn-latha air an do dh'aontaicheadh am plana—

(a) ath-bhreithneachadh a dhèanamh air a' phlana,

(b) atharrachaidhean a dhèanamh (ma bhios feum orra) air a' phlana a rèir mar a mheasas an t-ùghdarras deatamach no freagarrach, agus

(c) a chur a-steach chun a' Bhùird.

(3) Tha earrannan 3(4) gu (6) agus 5 rin coileanadh ann an ath-bhreithneachadh agus atharrachadh air plana fo fho-earrainn (2) den earrainn seo mar a tha iad rin coileanadh ann an ullachadh plana a rèir bratha fo earrainn 3(1).

(4) Faodaidh ùghdarras poblach buntainneach, gun ath-bhreithneachadh a ghabhail os làimh, plana Gàidhlig a tha foillsichte fo earrainn 5(9) ath-dheasachadh aig àm sam bith (mar eisimpleir, le bhith a' ceartachadh mearachd no ag ùrachadh fiosrachaidh fhìrinne a tha air atharrachadh) ann an dòigh nach dèan atharrachadh susbainteach air a' phlana.

7A Stiùireadh agus àithntean bho Mhinistearan na h-Alba

(1) Faodaidh Ministearan na h-Alba stiùireadh a thoirt do dh'ùghdarrasan poblach buntainneach a thaobh phlanaichean Gàidhlig.

(2) Feumaidh ùghdarras poblach buntainneach feart a thoirt do stiùireadh sam bith a tha air a chur a-mach le Ministearan na h-Alba fo fho-earrainn (1).

(3) Nuair a dh'fheumas ùghdarras plana Gàidhlig ullachadh fon Achd seo, faodaidh Ministearan na h-Alba àithne a thoirt don ùghdarras sin a thaobh cur-an-gnìomh nam bun-inbhean agus nan riatanasan a tha air am mineachadh ann an riaghlaidhean a tha air an dèanamh fo earrainn 2C(1) ann an ullachadh a' phlana.

(4) Faodaidh Ministearan na h-Alba àithne a tha air a toirt seachad fo fho-earrainn (3) atharrachadh no a chùl-ghairm.

(5) Feumaidh ùghdarras poblach buntainneach cumail ri àithne a bheirear dha fo fho-earrainn (3).

(6) Nuair a tha an t-ùghdarras a dh'fheumas plana Gàidhlig ullachadh fon Achd seo na ùghdarras foghlaim, faodaidh Ministearan na h-Alba àithne a thoirt don ùghdarras sin a thaobh cur-an-gnìomh nan inbhean agus nan riatanasan a tha air an sònrachadh ann an riaghlaidhean a tha air an dèanamh fo earrainn 6B de dh'Achd an Fhoghlaim (Alba) 2016 nuair a thathar ag ullachadh a' phlana.

(7) Faodaidh Ministearan na h-Alba àithne a tha air a toirt seachad fo fho-earrainn (6) atharrachadh no a chùl-ghairm.

(8) Feumaidh ùghdarras foghlaim cumail ri àithne a bheirear dha fo fho-earrainn (6).

~~8 ————— Stiùireadh, euideachadh, etc. leis a' Bhòrd~~

~~—(1) Feumaidh am Bòrd, bho àm gu àm nuair a mheasas e iomchaidh, stiùireadh ullachadh do ùghdarrasan poblach buntainneach an co-cheangal ri obrachadh earrannan 3 gu 7 agus sin a chur a-steach gu Ministearan na h-Alba.~~

~~(2) Ann a bhith ag ullachadh an stiùiridh, feumaidh am Bòrd —~~

~~(a) dreachd den stiùireadh fhoillseachadh,~~

~~(b) an cothrom a chur am follais tagraidhean a dhèanamh mun~~

~~dreachd stiùiridh fo fho-earrainn (3) taobh a-staigh ùine nach eil nas lugha na 3 mìosan a dh'fhaodas am Bòrd a shònrachadh, agus~~

~~(c) ealla a ghabhail ri tagraidhean sam bith a gheibh e taobh a-staigh na h-ùine sin.~~

~~(3) Faodaidh duine sam bith a tha airson tagraidhean a dhèanamh don Bhòrd mun dreachd stiùiridh sin a dhèanamh taobh a-staigh na h-ùine a shònraicheadh a chum coileanadh fo-earrainn (2).~~

~~(4) Feumaidh Ministearan na h-Alba —~~

~~(a) aonta a chur ris an stiùireadh, le mion-atharrachaidhean no às an aonais, no~~

~~(b) an stiùireadh a dhiùltadh agus, nuair a nì iad sin, faodaidh iad iarraidh air a' Bhòrd stiùireadh ath-leasaichte ullachadh agus a chur a-steach thuca, taobh a-staigh na h-ùine a dh'fhaodas iad a shònrachadh.~~

~~(5) Nuair a chuirear stiùireadh a th-leasaichte a-steach thuca, feumaidh Ministearan na h-Alba —~~

~~(a) aonta a chur ris an stiùireadh, no~~

~~(b) òrdugh a thoirt don Bhòrd an stiùireadh fhoillseachadh ann an dòigh a mheasas Ministearan na h-Alba iomchaidh.~~

~~(6) Air don stiùireadh sin a bhith air aontachadh no, a rèir mar a dh'fhaodas a' chùis a bhith, nuair a dh'òrdaichear le Ministearan na h-Alba e a bhith air fhoillseachadh, feumaidh am Bòrd fhoillseachadh ann an dòigh a mheasas e iomchaidh.~~

~~(7) Faodaidh am Bòrd stiùireadh fhoillsicheadh fo fho-earrainn (6) atharrachadh no a chùl-ghairm, agus tha buntainneas aig fo-earrannan (2) gu (6) ri atharrachadh den t-seòrsa.~~

~~(8) Mus cùl-ghairm e stiùireadh a dh'fhoillsicheadh fo fho-earrainn (6), feumaidh am Bòrd aonta Ministearan na h-Alba fhaighinn.~~

~~(9) Feumaidh am Bòrd, ma thig iarrtas bho ùghdarras poblach buntainneach, comhairle agus cuideachadh a thoirt don ùghdarras saor 's an asgaidh a thaobh mar a bhios an Aehd seo a' buntainn ris an ùghdarras.~~

~~(10) Ann a bhith ag ullachadh stiùiridh fo fho-earrainn (1) agus a' toirt seachad comhairle agus cuideachaidh fo fho-earrainn (9), feumaidh am Bòrd feuchainn ri èifeachd a thoirt, chun na h-ìre a tha an dà chuid iomchaidh anns an t-suidheachadh, agus cuimseach agus ion-dhèanta, don phrionnsapal gum bu chòir spèis cho-ionann a thoirt don Ghàidhlig agus don Bheurla.~~

Foghlam Gàidhlig

9 — Stiùireadh mu fhoghlam Gàidhlig

~~(1) Faodaidh am Bòrd stiùireadh ullachadh agus a chur a-steach gu Ministearan na h-Alba a thaobh solarachadh foghlam Gàidhlig agus leasachadh an t-solarachaidh sin.~~

~~(2) Tha buntainneas aig fo-earrannan (2) gu (8) de earrainn 8 ri stiùireadh fo-earrainn (1) mar a tha buntainneas aca ri stiùireadh fo-earrainn (1) den earrainn sin.~~

~~(3) An dèidh fo-earrainn (4) de earrainn 5 (aithisg bhliadhnail ùghdarras foghlaim mu amasan leasachaidh) de Achd Inbhean ann an Sgoiltean na h-Alba etc. 2000 (asp 6), cuir a-steach —~~

~~“(4A) Ann a bhith a’ cumail ri fo-earrainn (2)(c) gu h-àrd, bheir ùghdarras feart do —~~

~~(a) phlana Ghàidhlig sam bith a dh’fhoillsicheadh leis an ùghdarras fo earrainn 5(9) de Achd na Gàidhlig (Alba) 2005 (asp 7), agus~~

~~(b) stiùireadh sam bith a dh’fhoillsicheadh le Bòrd na Gàidhlig fo earrainn 9 den Achd sin.”.~~

Coitcheann

10 Mineachadh

(1) Anns an Achd seo —

tha “cultar na Gàidhlig” a’ gabhail a-steach traidiseanan, bun-bheachdan, gnàthasan, dualchas agus dearbh-aithne nan daoine a tha a’ bruidhinn no a’ tuigsinn na Gàidhlig,

tha “foghlam Gàidhlig” a’ ciallachadh foghlaim le teagasg agus ionnsachadh —

(a) ann an cleachdadh agus tuigse na Gàidhlig,

(b) mun Ghàidhlig, no

(c) tro mheadhan na Gàidhlig,

tha “a’ Ghàidhlig” a’ ciallachadh na Gàidhlig mar a tha i ga cleachdadh an Alba.

(1A) Tha iomradh sam bith anns an Achd seo air rud sam bith a tha air a dhèanamh ann an sgrìobhadh no air a thoirt a-mach ann an cruth sgrìobhte a’ toirt a-steach iomraidh air conaltradh eileagtronaigeach (mar a tha air a mhineachadh

ann an earrainn 15(1) de dh' Achd Conaltraidh Dhealanaich 2000 (c. 7)), a tha air a chlàradh agus mar sin a ghabhas ath-riochdachadh.

(2) Buinidh na h-iomraidhean anns an Achd seo air ùghdarras poblach buntainneach ri:

(a) ùghdarras poblach Albannach,

(b) chun na h-ìre nach eil e air a ghabhail a-steach le paragraf (a), ùghdarras poblach tar-chrìochail (ach a-mhàin a thaobh uallaichean a tha rin coileanadh an Alba no a thaobh Alba nach buin ri gnothaichean glèidhte), agus

(c) Buidheann Chorporra Pàrlamaid na h-Alba.

(3) . . .

(4) Airson adhbharan na h-Achd seo, tha na h - uallaichean aig ùghdarras poblach buntainneach a' gabhail a-steach—

(a) uallaichean co-cheangailte ri modhan-obrachaidh a-staigh, agus

(b) solarachadh sheirbheisean sam bith don phoball leis an ùghdarras.

11 Riaghlaidhean agus òrdaighean

(1) Bidh riaghlaidhean agus òrdaighean fon Achd seo rin dèanamh le ionnsramaid reachdail.

(2) Faodar ionnsramaid anns a bheil riaghlaidhean fo earrainn 3(7) no òrdugh fo pharagraf 2(2) ann am pàipear-taice 1 a chur an neo-bhrìgh a chum coileanadh rùin aig Pàrlamaid na h-Alba.

12 Atharrachaidhean mar thoradh

Tha èifeachd aig pàipear-taice 2 (atharrachaidhean iarmartach).

13 Geàrr-thìotal agus tòiseachadh

(1) Faodar iomradh a thoirt air an Achd seo mar Achd na Gàidhlig (Alba) 2005.

(2) Tha an Achd seo (ach a-mhàin earrann 11 agus an earrann seo) a' tighinn an gnìomh air an latha a dh'fhaodas Ministearan na h-Alba a shònrachadh le òrdugh.

(3) Faodaidh òrdugh fo fho-earrainn (2) a bhith a' gabhail a-steach solar eadar-amail, sealach no sàbhailteach co-cheangailte ri tighinn an gnìomh nam forairean a chuireadh an gnìomh mar a mheasas Ministearan na h-Alba iomchaidh.

PÀIPEAR-TAICE 1

(air a thoirt a-steach
le earrainn 1(6))

BÒRD NA GÀIDHLIG

Inbhe

1 Cha bhi am Bòrd—

(a) ri mheas mar sheirbheiseach no àidseant a' Chrùin,

(b) a' faighinn inbhe, dìonachd no pribhleid sam bith a tha aig a' Chrùn,

agus cha bhi cuid a' Bhùird ri meas mar chuid a' Chrùin, no mar chuid a tha ga cumail às leth a' Chrùin.

Ballrachd

2 (1) Bidh am Bòrd air a dhèanamh suas de—

(a) aig a' char as lugha 5, agus aig a' char as motha 11, bhall cumanta, agus

(b) neach air am bi uallach a bhith na c(h)athraiche air a' Bhòrd (anns a' phàipear-thaice seo air ainmeachadh mar an “Cathraiche”) a bhios na bhall ex officio,

air an cur an dreuchd le Ministearan na h-Alba.

(2) Faodaidh Ministearan na h-Alba le òrdugh fo-pharagraf (1)(a) atharrachadh le bhith a' cur an àite na h-àireimh as lugha no as motha de bhuill chumanta airson na h-ùine a shònraichear ann, àireamh eile a mheasas iad iomchaidh.

(3) Bidh na buill agus an Cathraiche air an cur an dreuchd airson ùine a mheasas Ministearan na h-Alba iomchaidh.

(4) Nuair a bhios oifig a' Chathraiche bàn, feumaidh na buill chumanta neach a thaghadh bho am measg fhèin a bhios na c(h)athraiche air a' Bhòrd gus an cuirear neach an dreuchd fo fho-pharagraf (1)(b).

(5) Faodaidh

(a) gach ball, le brath sgrìobhte gu Ministearan na h-Alba, a b(h)allrachd a leigeil dheth no dhith, agus

(b) seach sin, bidh buill a' fuireach anns an dreuchd no ga fàgail a rèir nan cùmhnantan agus nan cumhachan a cho-dhùineas Ministearan na h-Alba.

(6) Faodaidh Ministearan na h-Alba, le brath sgrìobhte, ball a chur às

a d(h)reuchd ma tha iad riarachtaiche—

(a) gu bheil oighreachd a' bhuill air a cur gu taobh no gu bheil binn brisidh-creideis air a toirt a-mach air a' bhall, gu bheil am ball air aonta a dhèanamh ri creidearan no air gnìomhas-urrais no cùmhnant aonachaidh a thoirt seachad às leth chreidearan, no

(b) gu bheil am ball—

(i) bho fheum mar thoradh air tinneas cuirp no inntinn,

(ii) gun a bhith an làthair aig coinneamhan a' Bhùird airson ùine nas fhaide na 3 mìosan ann an sreath gun chead a' Bhùird, no

(iii) neo-fhreagarrach no neo-chomasach ann an dòigh eile air an obair aige mar bhall a choileanadh.

3 Chan fhaod neach a bhith ga c(h)ur an dreuchd no cumail a' dol mar bhall den Bhòrd ma bhios an neach sin no (a rèir mar a dh'fhaodas a' chùis a bhith) ma thèid an neach sin —

(a) na b(h)all de Thaigh nan Cumantan,

(b) na b(h)all de Phàrlamaid na h-Alba, no

(c) na b(h)all de Phàrlamaid na h-Eòrpa.

Tuarastal agus cuibhreannan

4 Feumaidh am Bòrd an tuarastal agus na cuibhreannan a dh'fhaodas Ministearan na h-Alba a shuidheachadh a thoirt don Chathraiche agus do na buill chumanta.

Ceannard agus luchd-obrach eile

5 (1) Feumaidh am Bòrd, le aonta Ministearan na h-Alba, neach a chur ann an dreuchd a' cheannaird (“Ceannard”) a rèir nan cùmhnantan is nan cumhachan a dh'fhaodas e a cho-dhùnadh le aonta Ministearan na h-Alba.

(2) Faodaidh am Bòrd luchd-obrach sam bith eile a chur an dreuchd mar a mheasas e iomchaidh a rèir nan cùmhnantan is nan cumhachan a dh'fhaodas e a chur roimhe le aonta Ministearan na h-Alba.

(3) Feumaidh am Bòrd, a thaobh an luchd-obrach a dh'fhaodas e a chur roimhe le aonta Ministearan na h-Alba, an solar a mheasas e iomchaidh a dhèanamh airson a bhith a' toirt pheinnseanan, cuibhreannan no shaor-thiodhlacan don luchd-obrach sin, no a thaobh an luchd-obrach sin.

(4) A thaobh an t-solair sin—

(a) faodaidh e a bhith a' gabhail a-steach stèidheachadh agus

rianachd, leis a' Bhòrd no air mhodh eile, aon no barrachd air aon sgeama peinnsein, agus

(b) feumaidh e, co-dhiù, aonta Ministearan na h-Alba fhaighinn.

(5) Tha an t-iomradh ann am fo-pharagraf (3) air an t-solar airson pheinnseanan, chuibhreannan no shaor-thiodhlacan a' gabhail a-steach iomraidh air an t-solar a thaobh airgid-dìolaidh airson call dreuchd no cosnaidh no airson call no lùghdachadh dhuaisean.

Comataidhean

- 6 (1) Faodaidh am Bòrd comataidhean a chur air bhonn airson no co-cheangailte ri gin de na h-uallaichean aige a shuidhicheas e.
- (2) Faodaidh am Bòrd daoine a chur an dreuchd mar bhuill de chomataidh nach eil nam buill den Bhòrd.
- (3) Cha bhi còir bhòtaidh aig duine a chuirear an dreuchd fo fho-pharagraf (2) aig coinneamhan den chomataidh.

Gnìomharran agus coinneamhan

- 7 (1) Faodaidh am Bòrd a mhodh-obrachaidh fhèin agus modh-obrachaidh a chuid chomataidhean a shuidheachadh, a' gabhail a-steach cuòram airson choinneamhan.
- (2) Cha bhi buaidh air èifeachd gnìomharran sam bith aig a' Bhòrd agus aig comataidh sam bith a chuireas e air bhonn air sgàth àite bàn am measg nam ball aige fhèin no am measg buill a' chomataidh no uireasbhaidh sam bith ann a bhith a' cur an dreuchd buill sam bith den Bhòrd.
- (3) Faodaidh buill de Riaghaltas na h-Alba, fo-Mhinistearan na h-Alba agus daoine ùghdarraichte le Ministearan na h-Alba a bhith an làthair agus a' gabhail pàirt ann an coinneamhan a' Bhùird agus comataidh sam bith a chuireadh air bhonn leis a' Bhòrd, ach cha bhi còir bhòtaidh aca aig na coinneamhan sin.

Plana corporra

- 7A (1) Feumaidh am Bòrd plana corporra a chur gu Ministearan na h-Alba.
- (2)
- (a) Feumaidh am plana corporra mìneachadh a thoirt air—
- (i) prìomh amasan a' Bhùird ann a bhith a' coileanadh a chuid uallaichean fon Achd seo,
- (ii) na builean leis an tèid coileanadh nan amasan sin a mheasadh,
- (iii) tuairisgeul coitcheann air na prìomh gnìomhachdan a tha am Bòrd an dùil a ghabhail os làimh,

(iv) tuairisgeul coitcheann air mar a chuireas na h-amasan agus gnìomhan sin ri libhrigeadh na ro-innleachd Gàidhlig a tha air a h-ullachadh fo earrainn 2A, agus

(b) faodaidh stuth sam bith eile a bhith anns a' phlana chorporra a mheasas am Bòrd iomchaidh.

(3) Faodaidh Ministearan na h-Alba—

(a) aonta a thoirt don phlana chorporra,

(b) aonta a thoirt don phlana corporra le mion-atharrachaidhean sam bith a mheasas iad iomchaidh, no

(c) am plana corporra a dhiùltadh.

(4) Nuair a bhios Ministearan na h-Alba an dùil am plana corporra aontachadh le mion-atharrachaidhean, feumaidh iad co-chonaltradh a dhèanamh ris a' Bhòrd mus dèan iad sin.

(5) Nuair a dhiùltas Ministearan na h-Alba am plana corporra, feumaidh am Bòrd, cho luath 's a ghabhas dèanamh gu reusanta, am plana corporra a mhion-atharrachadh agus a chur gu Ministearan na h-Alba a-rithist.

(6) Cho luath 's a ghabhas dèanamh gu reusanta an dèidh dha a bhith air aontachadh le Ministearan na h-Alba—

(a) feumaidh am Bòrd am plana corporra fhoillseachadh, agus

(b) feumaidh Ministearan na h-Alba lethbhreac den phlana chorporra a chur fa chomhair Pàrlamaid na h-Alba.

(7)

(a) faodaidh am Bòrd am plana corporra ath-dheasachadh aig àm sam bith, agus

(b) feumaidh am Bòrd am plana corporra ath-dheasachadh nuair a bheir Ministearan na h-Alba orra sin a dhèanamh.

(8) Tha fo-pharagrafan (1) gu (7) rin coileanadh ann am plana corporra ath-dheasaichte, agus ri plana corporra a tha air a mhion-atharrachadh a chuirear a-steach fo fho-pharagraf (5), mar a tha iad rin coileanadh anns a' chiad phlana corporra.

Cunntasan agus aithisg bhliadhnail

8 Feumaidh am Bòrd—

(a) cunntas ullachadh mu choinneimh gach bliadhna ionmhais, a rèir àithntean a tha air an toirt seachad le Ministearan na h-Alba, air caiteachas agus teachd-a-steach a' Bhùird, agus

(b) an cunntas a chur, ron àm a dh'iarras Ministearan na h-Alba, gu Àrd-neach-sgrùdaidh na h-Alba airson sgrùdaidh.

9 Cho luath 's a ghabhas dèanamh gu reusanta an dèidh deireadh gach bliadhna ionmhais, feumaidh am Bòrd aithisg ullachadh mu

choileanadh a chuid uallaichean rè na bliadhna sin agus feumaidh e—

(a) an aithisg fhoillseachadh agus lethbhreac a chur gu Ministearan na h-Alba, agus

(b) an aithisg a chur fa chomhair na Pàrlamaid.

Tiomnadh uallaichean le Ministearan na h-Alba

10 (1) Faodaidh Ministearan na h-Alba ullachadh a dhèanamh airson gin de na h-uallaichean aca a bhuineas ri adhbhar na h-Achd seo a bhith air a choileanadh às an leth leis a' Bhòrd, a rèir nan cumhachan a dh'fhaodadh iad a stèidheachadh; agus faodaidh am Bòrd na h-uallaichean sin a choileanadh a rèir sin.

(2) Cha toir ullachadh fo fho-pharagraf (1) buaidh air uallach Ministearan na h-Alba an cuid uallaichean a choileanadh.

(3) Ann am fo-pharagraf (1), chan eil “uallaichean” a’ gabhail a-steach dèanamh, dearbhadh no aontachadh fo-reachdais.

Cumhachdan coitcheann

11 (1) Faodaidh am Bòrd rud sam bith a dhèanamh (an Alba no an ceàrnaidhean eile) a tha cuideachail no tuiteamach ann an coileanadh a chuid uallaichean, agus faodaidh e gu sònraichte a bhith—

(a) a’ dol an sàs ann an gnìomhachas no iomairt gnìomhachais sam bith,

(b) a’ cruthachadh, a’ cur air adhart no a’ faighinn seilbh air companaidhean (na aonar no còmhla ri daoine eile) (mar a chaidh a mhìneachadh ann an earrainn 1(1) de dh’Achd nan Companaidhean 2006 (c.6)),

(c) a’ cruthachadh chom-pàirteachasan le daoine eile,

(d) le aonta Ministearan na h-Alba, a’ cur bhuidhnean air bhonn no a’ gabhail pàirt ann an cur-air- bhonn bhuidhnean aig a bheil uallaichean a tha coltach ri uallaichean a’ Bhùird,

(e) a’ dol an sàs ann an cùmhnantan,

(f) a’ toirt seachad thabhartasan agus iasadan,

(g) ag iarraidh airgead airson comhairle no seirbheisean eile a thoirt seachad ann an leithid de shuidheachaidhean agus ann an suimean a dh’fhaodas am Bòrd, le aonta Ministearan na h-Alba, a chodhùnadh,

(h) a’ gabhail thiodhlacan airgid no seilbh eile,

(i) a’ cur an seilbh suimean nach eilear a’ cur gu feum anns a’ bhad

co-cheangailte ri coileanadh a chuid uallaichean,

(j) a' barrantachadh rannsachaidh.

(2) Chan eil fo-pharagraf (1)(g) a' toirt làn-chòir don Bhòrd airgead iarraidh air ùghdarrasan poblach buntainneach airson comhairle agus taice a tha gan toirt dhaibh fo earrainn ~~8(9)~~ 1(3A).

Tabhartasan

12 (1) Faodaidh Ministearan na h-Alba tabhartasan a thoirt don Bhòrd airson nan adhbharan agus ann an suimean a mheasas iad iomchaidh.

(2) Faodaidh tabhartas sam bith fo fho-pharagraf (1) a bhith air a thoirt seachad a rèir nan cumhachan a mheasas Ministearan na h-Alba iomchaidh.

(3) Chan eil ùghdarras aig a' Bhòrd a bhith a' toirt airgid a-mach air iasad no a' dol an urras.

PÀIPEAR-TAICE 2

(air a thoirt a-steach
le earrainn 12)

ATHARRACHAIDHEAN MAR THORADH

*Achd nan Inbhean Beusach anns a' Bheatha Phoblaich etc. (Alba) 2000
(asp 7)*

- 1 Ann am pàipear-taice 3 do dh'Achd nan Inbhean Beusach anns a' Bheatha Phoblaich etc. (Alba) 2000 (buidhnean poblach tiomnaichte) cuir "Bòrd na Gàidhlig" anns an àite iomchaidh.

Achd Ombudsman Seirbheisean Poblach na h-Alba 2002 (asp 11)

- 2 Ann am Pàirt 2 de phàipear-taice 2 do dh'Achd Ombudsman Seirbheisean Poblach na h-Alba 2002 (ùghdarrasan liostaichte a tha so-atharrachail le Òrdugh anns a' Chomhairle) cuir "Bòrd na Gàidhlig" anns an àite iomchaidh.

Achd Saorsa an Fhiosrachaidh (Alba) 2002 (asp 13)

3 Ann am pàirt 7 de phàipear-taice 1 do dh'Achd Saorsa an Fhiosrachaidh (Alba) 2002 (ùghdarrasan poblach Albannach air a bheil dleastanas fiosrachadh sònraichte a thoirt seachad) cuir "Bòrd na Gàidhlig" anns an àite iomchaidh.

Achd Cur an Dreuchd Phoblach agus Bhuidhnean Poblach etc. (Alba) 2003 (asp 4)

- 4 Ann am pàipear-taice 2 do dh'Achd Cur an Dreuchd Phoblach agus Bhuidhnean Poblach etc. (Alba) 2003 (cur an dreuchd gu ùghdarrasan a tha air an riaghladh le còd obrachaidh) fon cheann "Buidhnean an Riaghaltais" cuir "Bòrd na Gàidhlig" anns an àite iomchaidh.